

18/1/24

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Marion Nic na Ceàrdaich, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig,  
Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)  
Sarah Dhòmhnallach [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh) – puingean 14 & 15  
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (Rùnaire)

**1. Leisgeulan**

1.1 Calum MacLeòid, Ceit-Anna NicLeòid.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1. Cha robh gin.

**3. Plana Obrachaidh 2024/25**

3.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a’ cur dreachd Phlana Obrachaidh 2024-25 fa chomhair a’ Bhùird airson deasbaid. Chaidh aithneachadh gu bheil obair sgrìobhaidh fhathast ri dhèanamh mus bi am Plana deiseil airson chur gu Ofcom ro 31/1/24.

3.2. Chaidh a ràdh gu robhas ag iarraidh air buill beachd a thoirt seachad air ìre coileantachd a’ Phlana agus molaidhean a thabhann a thaobh èifeachdas agus soilleireachd.

3.3. Bha am Plana a’ comharrachadh gu bheil an dreachd buidseat gu math coltach ri buidseit 2023-24 ach chaidh soilleireachadh a dhèanamh

3.3.1. gu bheil cosgais air prògraman a’ dol sìos

3.3.2. gu bheil àireamh nam prògraman a’ tuiteam a thaobh uairean a thìde

3.3.3. gu bheil iarrtas calpa sa bhuidseat, a dh’fheumas a thomhas

3.3.4. gu bheil iarrtas a thaobh obraichean ùra ri thomhas.

- 3.4. Chaidh a chomharrachadh gu faodar airgead calpa iarraidh air an Riaghaltas no a' chosgais seo a chur dheth airson greis gus an urrainn barrachd phrògraman a choimiseanadh no dreuchdan ùra fhastadh.
- 3.5. Chaidh a chomharrachadh ged nach eil dreuchdan ùra sònraichte sa bhuidseat fhathast, bidh iad a dhìth gu h-àraid san roinn didseatach, agus faodadh iad a bhith air am maoinachadh a-mach à buidseat "Prìomhachas Ro-innleachdail", mas e 's gun robh am Bòrd ag aontachadh.  
*Chaidh deasbad a chumail agus b' iad seo na prìomh phuingeann deasbaid:*
- 3.6. Bha aithne ann gur e àm atharrachaidh a bha ann bho loidhneach gu didseatach.
- 3.7. Bha beachd ann, ged nach e plana coiteachaidh a bha sa Phlana Obrachaidh, gum bu chòir an eileamaid de riosg a tha ro na meadhanan Gàidhlig a bhith air fhighe a-staigh dhan Phlana, seach a bhith mar phàipear-taic.
- 3.8. Chaidh iomradh a thoirt air an lùghdachadh de dh'uairean a thìde de phrògraman agus am plana airson barrachd a chosg air nas lugha gus barrachd buaidh (impact) a thoirt.
- 3.9. Ach chaidh cuideachd a ràdh gu bheil an t-seirbheis ann an cunnart ma thuiteas an àireamh de phrògraman gach latha is seachdain. Mura bithear faiceallach, 's e cruinneachadh tasglainn a bhiodh againn.
- 3.10. A thaobh calpa, chaidh aontachadh rannsachadh a dhèanamh air tobraichean maoinachaidh eile an toiseach mus nochdadh e ann am buidseat MG ALBA.
- 3.11. Chaidh deasbad a chumail air na sgilean a bha a dhìth san roinn didseatach agus chaidh aithneachadh gu robh feum air pàirt a mhaoineachadh le buidseat ùr agus pàirt bho ath-òrdanachadh.
- 3.12. Chaidh deasbad a chumail mun t-amas ro-innleachdail a thaobh ùr-ghnàthachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil siostaman agus dòighean-obrach cho èifeachdach 's a ghabhas agus a' leantainn seo a bhith a' coimhead ri seachdain 4-latha a chur an sàs, le amas deuchainn a dhèanamh tro 2024/25. Bha aithne ann gu bheil iomadh cheist mu thimcheall seo le feum air coimhead ri siostaman agus toraidhean. Bha beachd ann gum biodh e ciallach an deuchainn a chuir dheth gus am biodh am buidheann làn uidheamaichte le luchd-obrach agus sgilean, le sùil an toiseachd bho ghnòthach HR mus tèidear air adhart le deuchainn.
- 3.13. Bha aithne ann gu bheil an t-iarrrtas airson airgead a bharrachd gu bhith na dhùbhlain le buidseatan air feadh an àite a' sìor a' dol sìos agus thèid smaoineachadh mun dòigh as èifeachdaich a chur an cèill gu bheileas a' cosg airgid ann an dòigh a tha a' cruthachadh mòran luach.

- 3.14. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air an dreachd Plana Obrachaidh 2024-25, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur, dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fairear den dreachd, gu robh iad air comhairle a thabhann, gu robh iad aontaichte ann am prionnsabal agus gun tilleadh Plana Bliadhna 2024-25 deireannach chun Bhùird airson aonta às dèidh do bharrachd obair leasachaidh a chumail agus an dèidh do Ofcom sgrùdadh a chumail
- 3.15. **Gnìomh:** 1) thèid puingean agus molaidhean nam ball a chur a-steach don obair sgrìobhaidh; 2) thèid an dreach ùr a sgaoileadh air Buill air 26/1 agus gun toir buill beachdan air an sin, tro phuist-dealain, ro no ro 30/1; 3) thèid a chur gu Ofcom air 31/1; 4) cumar a' dol a' teannachadh air OKRs san eadar-ama agus 5) nuair a bhios sgrùdadh Ofcom deiseil tillidh dreachd às ùr chun Bhùird airson aonta foirmeil – aig coinneimh an 29/2 mu chheadaicheas pròiseas Ofcom no sa Mhàrt tro pròiseas sgrìobhte no coinneamh shònraichte a rèir toil a' Bhùird. (DC)